




AITHISG ADHARTAIS MU CHUR AN GNÌOMH PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG 2018-23

National Gaelic Language Plan 2018-23 Implementation Progress Report

NATIONAL GAELIC LANGUAGE PLAN 2018-23 IMPLEMENTATION PROGRESS REPORT	AITHISG ADHARTAIS MU CHUR AN GNÌOMH PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG 2018-23
<p>Bòrd na Gàidhlig has a responsibility under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 to prepare the National Gaelic Language Plan (NGLP) at least every five years. The current NGLP runs from 2018 to 2023, with the new plan due to be published in 2023.</p>	<p>Tha dleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus Plana Nàiseanta na Gàidhlig (PNG) ullachadh co-dhiù gach 5-bliadhna. Tha am PNG a th' ann an dràsta a' ruith bho 2018 gu 2023, leis an dùil gun tèid am fear ùr fhoillseachadh ann an 2023.</p>
<p>As part of the development of the new NGLP, Bòrd na Gàidhlig has commissioned a consultancy team, led by Sabhal Mòr Ostaig, to undertake an independent review of progress towards the implementation of the NGLP 2018-23 up to this point.</p>	<p>Le bhith ag ullachadh airson a' PhNG ùr, tha Bòrd na Gàidhlig air coimisean a chur air dòigh le sgioba sgrùdaidh, fo stiùir Shabhal Mòr Ostaig, gus lèirmheas neo-eisimeileach a chumail air adhartas mu chur an gnìomh PNG 2018-23 gu ruige seo.</p>
<p>Our aim is to produce a report that will highlight what has been achieved to date and what still needs to be undertaken, considering opportunities and challenges up to now, and through to the end, of the plan. The report will be a very useful tool as part of the development of the NGLP 2023-28.</p>	<p>'S e a tha fa-near dhuinn, aithisg ullachadh a bhios a' sealltainn dè chaidh a choileanadh gu ruige seo agus dè tha ri dhèanamh fhathast, a' gabhail a-steach nan cothroman agus nan dùbhlain a th' air a bhith ann, agus a bhios ann fhathast, gu deireadh a' phlana. Bidh an aithisg seo mar ghoireas air leth feumail ann a bhith ag ullachadh PNG 2023-28.</p>
<p>The collection and analysis of data will be undertaken by Dr Lindsay Milligan Dombrowski and Dr Stuart Dunmore, with additional strategic oversight provided by Dr Gillian Munro and Dr Tim Armstrong (Sabhal Mòr Ostaig), Dr Kathryn Jones (IAITH: Welsh Centre for Language Planning), Professor Michelle MacLeod (University of Aberdeen) and Professor Rob Dunbar (University of Edinburgh).</p>	<p>'S e iad an Dr Lindsay Milligan Dombrowski agus an Dr Stuart Dunmore a bhios a' cruinneachadh agus a' sgrùdadh an dàta, le taic ro-innleachdail a bharrachd bhon Dr Gillian Rothach agus an Dr Tim Armstrong (Sabhal Mòr Ostaig), an Dr Kathryn Jones (IAITH: Ionad na Cuimrigh airson Planadh Cànan), An t-Ollamh Michelle NicLeòid (Oilthigh Obar Dheathain) agus An t-Ollamh Rob Dunbar (Oilthigh Dhùn Èideann).</p>



<p>The project will run for 3 months, with an expected completion date in early August, 2021.</p>	<p>Thathas an dùil gum bi am pròiseact a' ruith airson 3 mìosan, agus bidh e deiseil tràth sa Lùnastal, 2021.</p>
<p>Your organisation has been identified by the consultancy team and Bòrd na Gàidhlig to be included in their examination of the impact of the NGLP since publication in 2018.</p> <p>As part of the project, the team will review your current Gaelic language plan and other relevant data held by Bòrd na Gàidhlig, including annual monitoring reports from 2018 onwards.</p> <p>The team will circulate a questionnaire to public authorities which have had a new, or a new iteration of their, Gaelic language plan approved by Bòrd na Gàidhlig, since the publication of the NGLP 2018.</p>	<p>Tha an sgioba sgrùdaidh agus Bòrd na Gàidhlig air roghnachadh a' bhuidheann agaibh fhèin a thaghadh mar phàirt dhen sgrùdadh air buaidh a PhNG cho chaidh fhoillseachadh ann an 2018.</p> <p>Mar phàirt dhen phròiseact, bidh an sgioba a' toirt sùil air a' phlana Ghàidhlig agaibh agus air data iomchaidh eile a th' aig Bòrd na Gàidhlig, a' gabhail a-steach aithisgean luachaidh bhliadhnail, bho 2018 air adhart.</p> <p>Bidh an sgioba a' cuairteachadh cheisteachain gu ùghdarrasan ionadail a fhuair cead dearbhaidh le Bòrd na Gàidhlig air a' phlana Ghàidhlig às ùire/ùr aca bho chaidh am PNG fhoillseachadh ann an 2018.</p>
<p>In addition, the team will be setting up individual and / or group interviews and may also seek additional data directly from you, such as additional documentation.</p>	<p>Thathas an dùil cuideachd gum bi an sgioba sgrùdaidh airson conaltradh a chumail ribh gus agallamh a chur air dòigh leibh fhèin no le buidheann de dhaoine, agus thathar an dùil gun tig iad thugaibh gu dìreach airson barrachd fiosrachaidh fhaighinn, a leithid pìosan sgrìobhaidh eile.</p>
<p>The information collected during the project will be included in a report published on the Bòrd na Gàidhlig website and possibly in other publications by the consultancy team and Bòrd na Gàidhlig.</p>	<p>Thèid fiosrachadh a thèid cruinneachadh sa phròiseact a chleachdadh ann an aithisg a thèid fhoillseachadh air làrach-lìon Bhòrd na Gàidhlig, agus cuideachd is dòcha ann am foillseachaidhean eile leis an sgioba sgrùdaidh agus le Bòrd na Gàidhlig.</p>
<p>Your participation in this study is completely voluntary. However, your views and experiences are important in order to help inform Bòrd na Gàidhlig's statutory Gaelic language promotion duties.</p>	<p>Tha e an urra ribh fhèin an gabh sibh pàirt san sgrùdadh seo. Ach, tha na beachdan is eòlas agaibh cudromach agus a' cur ri na h-uallaichean reachdail a th' air Bòrd na Gàidhlig airson a bhith a' brosnachadh na Gàidhlig.</p>



<p>The contact for this study is Dr Gillian Munro, Principal, Sabhal Mòr Ostaig E-mail address: gm.smo@uhi.ac.uk Telephone number: +44-1471-888-200</p>	<p>Ma thathas ag iarraidh tuilleadh fios mun phròiseact seo cuiribh fios a chur gu: an Dr Gillian Rothach, Prionnsapal, Sabhal Mòr Ostaig Post-d: gm.smo@uhi.ac.uk Àireamh-fòn: +44-1471-888-200</p>
---	--

<p>PRIVACY NOTICE</p>	
<p>What personal data do we hold and where do we get this information?</p> <p>Personal data is defined under the General Data Protection Regulation (GDPR) as ‘any information relating to an identifiable person who can be directly or indirectly identified by reference to an identifier’.</p>	<p>Dè am fiosrachadh pearsanta a tha sinn a’ cumail agus cò às a tha sinn a’ faighinn an fhiosrachaidh seo?</p> <p>Tha an General Data Protection Regulation a’ mìneachadh dàta pearsanta mar ‘fiosrachadh sam bith a tha a’ buntainn ri neach sònraichte a ghabhas aithneachadh gu dìreach no gu neo-dìreach, tro iomradh air fios a ghabhas ceangal riutha’.</p>
<p>You have been invited to take part in this research because your organisation has been identified by the research team and Bòrd na Gàidhlig to be included in their examination of the impact of the NGLP since publication in 2018.</p> <p>If you are willing to take part in the research the Sabhal Mòr Ostaig research team will only use your email address and telephone numbers for the purposes of this research.</p>	<p>Chaidh iarraidh oirbh pàirt a ghabhail san sgrùdadh seo oir chaidh ur taghadh leis an sgioba sgrùdaidh agus le Bòrd na Gàidhlig mar bhuidheann ri toirt a-steach san sgrùdadh air buaidh a’ PhMG bho chaidh fhoillseachadh ann an 2018.</p> <p>Ma tha sibh deònach pàirt a ghabhail san sgrùdadh cha chleachd an sgioba ach an seòladh post-d agus àireamh-fòn agaibh dìreach airson adhbhar an sgrùdaidh seo.</p>
<p>When the researcher makes notes during interviews / research workshop, any personal data will be anonymised.</p>	<p>Nuair a nì an neach-sgrùdaidh notaichean anns an agallaimh/bùth-obrach, thèid an dàta a chumail gun urra.</p>
<p>If you raise a query or complaint and provide personal data requesting a response, the consultant will forward the request only to the relevant official and will subsequently delete it from the research data.</p>	<p>Ma thogas sibh ceist no gearan agus ma bheir sibh seachad fios a’ sireadh freagairt, cuiridh an neach-sgrùdaidh an t-iarrtas air adhart dhan oifigear iomchaidh agus thèid a sguabadh às an dàta san sgrùdadh.</p>



<p>What is the lawful basis for using your data?</p> <p>The lawful basis for processing information in this data collection exercise is our public task; that is, exercising our official authority to undertake the core role and functions of Bòrd na Gàidhlig.</p>	<p>Dè an stèidh laghail a th' ann airson an dàta agaibh a chleachdadh?</p> <p>'S e an stèidh laghail airson an dàta a làimhseachadh san obair sgrùdaidh gur e obair phoblach a th' ann; is e sin, tha sinn a' cur an sàs ar dleastanas oifigeil a bhith a' gabhail os làimh obair ceangailte ri rola agus obair Bhòrd na Gàidhlig.</p>
<p>Participation is completely voluntary. Research studies such as this are important for Bòrd na Gàidhlig to collect information and actionable evidence about its ability to deliver its Gaelic language promotion priorities. The information collected in this research will be used to inform the development of the NGLP 2023-28.</p>	<p>Thathas a' gabhail pàirt san obair seo gu saor-thoileach. Tha obair sgrùdaidh mar seo cudromach dha Bòrd na Gàidhlig airson fiosrachadh a chruinneachadh agus fianais a ghabhas gluasad air fhaighinn mun chomas aig a' Bhòrd a bhith a' libhrigeadh mu choinneamh nam prìomhachasan aige ann am brosnachadh cànan. Thèid am fios a bhios air a chruinneachadh san rannsachadh air a chleachdadh ann an cruthachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28.</p>
<p>How secure is your personal data?</p> <p>Personal information provided to the Sabhal Mòr Ostaig research team will be stored on a secure server. The data can only be accessed by a limited number of researchers working on this project. The Sabhal Mòr Ostaig research team will only use this data for research purposes.</p>	<p>Dè cho sàbhailte is a tha ur fiosrachadh pearsanta?</p> <p>Thèid fiosrachadh pearsanta a thèid a thoirt chun sgioba sgrùdaidh, a ghlèidheadh air server sàbhailte. Cha tèid faighinn chun an dàta ach le àireamh bheag de luchd-rannsachaidh a tha ag obair air a' phròiseact seo. Cleachdaidh an sgioba sgrùdaidh an dàta seo dìreach airson a' phìos sgrùdaidh seo.</p>
<p>Sabhal Mòr Ostaig has procedures to deal with any suspected data security breaches. If a suspected breach occurs, Sabhal Mòr Ostaig will report this to Bòrd na Gàidhlig who will notify you and any applicable regulator where we are legally required to do so.</p>	<p>Tha modhan-obrach aig Sabhal Mòr Ostaig airson dèiligeadh ri briseaidhean ann an tèarainteachd sam bith a tha fo amharas. Ma nochdas a leithid de bhriseadh, cuiridh Sabhal Mòr Ostaig aithisg air seo gu Bòrd na Gàidhlig, a leigeas fios thugaibhse agus chun an riaghalaiche fhreagarraich, far a bheil dleastanas laghail oirnn sin a dhèanamh.</p>
<p>All data gathered through this research will be reported in an anonymised format. It will not contain your contact details and any identifiable information will be removed. The Sabhal Mòr Ostaig research team will use the information gathered to produce a report that</p>	<p>Bidh gach pìos dàta ga thrusadh agus ga aithiris ann an cruth gun urra san sgrùdadh seo. Cha bhi na seòlaidhean, ainmean no àireamhan fòn agaibh air an cumail na lùib agus thèid gach pìos fiosrachaidh a dh'fhaotadh aithneachadh a chur oirbh a thoirt a-mach. Cleachdaidh sgioba</p>



<p>will be published on the Bòrd na Gàidhlig website. This report will not include any information that could be used to identify individual participants.</p>	<p>sgrùdaidh Shabhal Mòr Ostaig am fiosrachadh a thèid cruinneachadh sa phròiseact ann an aithisg a thèid fhoillseachadh air làrach-lìon Bhòrd na Gàidhlig. Cha bhi fiosrachadh sam bith a dh'fhaotadh aithneachadh a thoirt oirbh air a chumail san aithisg seo.</p>
<p>How long do we keep your personal data?</p> <p>The Sabhal Mòr Ostaig research team will hold personal data during the contract period, and any personal data not already removed during data collection and data analysis will be deleted by the Sabhal Mòr Ostaig research team within three months after the end of the contract. This includes your contact details.</p>	<p>Dè cho fada is a chumas sinn ur fiosrachadh pearsanta?</p> <p>Cumaidh sgioba sgrùdaidh Shabhal Mòr Ostaig fiosrachadh pearsanta ri linn a' chùmhnaidh, agus thèid fiosrachadh pearsanta sam bith nach eilear a' toirt air falbh rè an sgrùdaidh a sguabadh às leis an sgioba taobh a-staigh trì mìosan an dèidh deireadh a' chùmhnaidh. Tha seo a' toirt a-staigh na seòlaidhean, ainmean no àireamhan fòn agaibh.</p>
<p>The Sabhal Mòr Ostaig research team will only provide Bòrd na Gàidhlig with anonymised data which will not include information that could identify you.</p>	<p>Bheir sgioba sgrùdaidh Shabhal Mòr Ostaig fiosrachadh gun urra a-mhàin do Bhòrd na Gàidhlig, nach toir a-steach fiosrachadh sam bith dh'fhaotadh aithneachadh a chur oirbh.</p>
<p>Individual rights</p> <p>Under GDPR, you have the following rights in relation to the personal information you provide as part of this project. You have the right:</p> <ul style="list-style-type: none"> • to access a copy of your own data; • for us to rectify inaccuracies in that data; • to object to or restrict processing (in certain circumstances); • for your data to be 'erased' (in certain circumstances); and • to lodge a complaint with the Information Commissioner's Office (ICO) who is our independent regulator for data protection. 	<p>Còraichean fa leth</p> <p>Fo sgèith an GDPR, tha na còraichean a leanas agaibh a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta a bheir sibh thugaibh mar phàirt den phròiseact seo. Tha còir agaibh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • lethbhreac den fhiosrachadh agaibh fhèin fhaighinn; • mearchdan a rinn sinne a chur ceart san fhiosrachadh sin; • gearan a thogail no bacadh a chur air làimhseachadh an fhiosrachaidh (ann an suidheachaidhean àirichte) • sguabadh às don fhiosrachadh agaibh (ann an suidheachaidhean àirichte); agus • gearan a thogail le Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh a tha na riaghalaiche neo-èisimealach airson dìon an fhiosrachaidh.



y ganolfan cynllunio iaith
welsh centre for language planning



SABHAL
MÒR OSTAIG

Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig



Llywodraeth Cymru
Welsh Government

<p>The contact details for the Information Commissioner's Office – Scotland are: Queen Elizabeth House Sibbald Walk Edinburgh EH8 8FT 0303 123 1115 Email: Scotland@ico.org.uk</p>	<p>Is e seòladh, àireamh fòn agus làrach-lìn Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh – Alba: Queen Elizabeth House Sibbald Walk Edinburgh EH8 8FT 0303 123 1115 Post-d: Scotland@ico.org.uk</p>
<p>Further Information</p> <p>Bòrd na Gàidhlig is the Data Controller (or Controller) for information collected and processed for the purposes of managing stakeholder and other contacts.</p> <p>If you have any queries regarding any of the information in this privacy notice, in the first instance please contact:</p> <p>Data Protection Officer Bòrd na Gàidhlig Great Glen House Leachkin Road Inverness IV3 8NW oifis@gaidhlig.scot 01463 225454</p>	<p>Tuilleadh fiosrachaidh</p> <p>'S e Bòrd na Gàidhlig an Rianadair Dàta (no an Rianadair) airson fiosrachadh pearsanta a tha air a chruinneachadh is a phròiseasadh airson a bhith a' cumail liostaichean luchd-ùidh is liostaichean conaltraidh eile.</p> <p>Ma tha ceist sam bith agad mun fhiosrachadh anns an t-sanas phrìobhaideachd seo, cuir fios chun an neach a leanas sa chiad dol a-mach:</p> <p>Oifigear Dìon Dàta Bòrd na Gàidhlig Taigh a' Ghlinne Mhòir Rathad na Leacainn Inbhir Nis IV3 8NW oifis@gaidhlig.scot 01463 225454</p>